Fear A' Bhàta
Capercaillie version
“The Boatman”

Fhir a' bhàta, na hòro eile
Fhir a' bhàta, na hòro eile
Fhir a' bhàta, na hòro eile
Mo soraidh slàn leat gach àit' an téid thu

'S tric mi sealltainn on chnoc as àirde
Dh'fheuch am faic mi fear a' bhàta
An tig thu 'n-diugh na 'n tig thu màireach
'S mar tig thu idir gur truagh a tà mi

Fhir a' bhàta, na hòro eile
Fhir a' bhàta, na hòro eile
Fhir a' bhàta, na hòro eile
Mo soraidh slàn leat gach àit' an téid thu

Tha mo cridhe-sa briste brùite
'S tric na deòir a ruith o m' shùilean
An tig thu nochd na 'm bi mo dhùil riut
Na 'n dùin mi 'n doras le osna tùrsach?

Fhir a' bhàta, na hòro eile
Fhir a' bhàta, na hòro eile
Fhir a' bhàta, na hòro eile
Mo soraidh slàn leat gach àit' an téid thu

- Sìne NicFhionnlaigh -

© ericdentinger.com